

# An Caistéal



Lynne Burgess • Anne Parsons

# An Caisteal



An teacsá Lynne Burgess  
Na dealbhan Anne Parsons  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnull air turas sgoile.  
'S ann gu seann chaisteal a bha iad a' dol.



Nuair a ràinig iad an caisteal,  
ruith Anna agus Dòmhnull air falbh.




"Thigibh an seo," ars a' Bh-ph. Green.

"Thigibh air ais an seo. Tha sinn  
a' dol suas chun a' chaisteil."



Choimhead Anna suas.

"Seall an ridire," thuirt i.



Choimhead Dòmhnaill suas.

“Chan eil duine an sin,” thuirt e le gaire.

“S e taibhse a chunnaic thu.”




Chaidh iad uile a-steach dhan chaisteal.

“Seall na clogadan,” ars a’ Bh-ph. Green.

“Bheil sibh airson an cur oirbh?”

Chuir Dòmhnaill air clogad mòr.

“Mo chreach!” thuirt e. “Chan fhaic mi càil.”



Chuir Anna oirre clogad agus sheall i anns an sgàthan.

“Seall,” thuirt i, “Tha mi a’ faicinn ridire.”




Choimhead Dòmhnull anns an sgàthan.

“Chan eil ridire an sin,” thuirt e.

“S e taibhse a chunnaic thu.”

Às dèidh sin chaidh  
Dòmhnaill a-steach do  
rum mòr.

“Falaichidh mi air  
Anna,” thuirt e.



Bha Anna a' coimhead airson Dhòmhnaill.  
“Càite bheil thu, a Dhòmhnaill?” dh'èigh i.



“Ooooooo! Is mise taibhse a' chaisteil,”  
thuirt Dòmhnaill.  
“Chan e taibhse a th' annad,” thuirt Anna.



Sa mhionaid sin thàinig ridire a-steach dhan rum.  
“Mo chreach!” arsa Dòmhnaill.  
“Tha ridire a-staigh an seo!”



Ruith Dòmhnaill agus Anna air ais  
chun a' Bh-ph. Green.  
“Chunnaic sinn taibhse an siud!”  
thuirt iad rithe.



“Co ris a bha an taibhse coltach?”

dh’fhaighnich a’ Bh-ph. Green.

“Bha e coltach ri ridire,” thuirt Dòmhnull.

Rinn a’ Bh-ph. Green gàire.

“Thigibh còmhla riumsa,” thuirt i.

“Tha sinn a’ dol a choimhead  
dealbh-chluich.”



Bha Dòmhnull agus Anna a’ faicinn ridirean  
an siud agus an seo sa chaisteal.

“A bheil na ridirean anns an dealbh-chluich?”  
dh’fhaighnich Dòmhnull.

“Tha,” thuirt a’ Bh-ph. Green.



“Ceart ma-thà, ’s e ridire a chunnaic mi,”  
thuirt Anna.

“Cha b’ e taibhse a bh’ ann idir.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Lynne Burgess 1996

A’ chiad fhoillseachadh 1996

99  
10 9 8 7 6 5 4

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo a' thriochdachadh an cruth sam bith no an doigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann

Tha Lynne Burgess a’ deasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 675 9